



CASCHEUM NAM
BARD

An Anthology of
Gaelic Poetry .

*

EARRANN III

CASCHEUM NAM BARD

An Anthology of Gaelic Poetry
(Second Edition)

Selected and Edited

by

LACHLAN MACKINNON, M.A.

EARRANN III

HIGHLAND PRINTERS, INVERNESS

AN CLAR-INNSIDH



	PAGE
Is aoibhinn an obair an t-sealg	1
Madainn Shamhraidh	2
Fàilte a' Chait	4
Mo Chòmhnaidh taobh an t-Sàil	5
Marbhrann	7
Oran do'n Phrionnsa Tearlach	8
Loch Dubhthaich	9
Am Bruadar	10
Oran Seachran Seilge	12
Do'n Bhogha-Fhroise	14
Madainn Earraich	15
Do Alasdair Domhnallach	16
Fàilte Bhràghaid Albann	17
Creag Manach	19
Guth a' Chuain	20
Còmhradh	21
Am Maraiche 'sa Leannan	22
Moladh na h-Airigh	25
An Sruthan	26
Seanfhacail agus Comhadan	29
Aisling an t-Saighdeir	31
Iorram Cuain	32
Am na h-Oige	33
Seann Chaisteal Inbhir-Lòchaidh	34
Tobar a' Chreachainn	36
Dàn do'n Ghréin	38
Tir nan Og	39
An Uiseag	40
Soraidh Dheirdre le Albainn	42
Smeòrach Chloinn Raghnaill	43
A' Ghrian	44
An t-Eilean Sgitheanach	46
Tir nan Og	49
Cumha Mhic Cruimein	50
An Samhradh	51
Is togarrach a dh' fhalbhainn	53
Cead Deireannach nam Beann	55
Moladh Chabar-féidh	58

EARRANN III.

IS AOIBHINN AN OBAIR AN T-SEALG

Is aoibhinn an obair an t-sealg,
Aoibhinn a meanmna is a beachd;
Gur binne a h-aighear 's a fonn
Na long is i dol fo beairt.

Fad a bhithinn beò no maireann,
Deò de 'n anam ann mo chorp,
Dh'fhanainn am fochair an fhéidh:
Sin an spréidh an robh mo thoirt.

Ceòl as binne de gach ceòl
Guth a' ghadhair mhóir 's e teachd;
Damh 'na shiomanach le gleann,
Miolchoin a bhith ann is as.

Gur h-àlainn sgèimh an daimh dhuinn
Theàrnas o shireadh nam beann:
Mac na h-éilde ris an t-sonn
Nach do chrom le spìd a cheann.

Bha mi o'n rugadh mi riamh
An caidreabh fhiadh agus earb:
Chan fhaca mi dath air bian
Ach buidhe riabhach agus dearg.

Soraidh uam gu Coire na Cloich',
An coire am bu toigh leam bhith tàmh;
Is gu Uisge Labhar nam faobh,
Cuilidh nan agh maol 's nam mang.

Cead as truaighe ghabhas riamh,
Do'n fhiadhach bu mhór mo thoil;
Chan fhalbh mi le bogha fo m' sgéith,
Is gu là bhràth' cha leig mi coin.

DOMHNALL MACFHIONNLAIGH NAN DAN.

MADAINN SHAMHRAIDH

Tha doineann nan speur air séideadh thairis,
 Tha nèamh is talamh 'nan glòir;
 Tha gathan na gréin' ag éirigh thallud
 Cur sgéimh' air beannaibh a' cheò:
 Tha eunlaith na coill' a' seinn le caithreim
 Air roinn nam meanganan òg,
 Toirt molaidh do'n Tì thug dhuinn gach beannachd,
 'S a dhion troimh 'n ghaillinn iad beò.

Gach doire is bruach le 'n tuar cho fallain,
 'S an gruag air lasadh mar òr,
 Fo shileadh an driùchd tha smùid na meala
 Cho cùbhr' bho anail an ròis;
 Tha chuthag a' leum feadh gheug a' bharrach,
 'S an spréidh cho mear aig a' chrò,
 Is na cruinneagan suairce guanach banail,
 Le 'n cuachan bainne 'nan dòrn.

Gach sruthan is allt 'nan deann a' tarraing
 Gu ceann na mara le gàir,
 Ged bha iad 's a' gheamhradh fann gun anam,
 Ri am na gaillinn an sàs;
 Tha nise na neoinein bhòidheach gheala
 Mu 'n còsan tairis a' fàs,
 'S an seillean a' stòradh lòn gu thalla,
 'S e 'g òl na meala dhe 'm bàrr.

Nach maiseach na glinn 's gach nì gun ainneis
 Ag cinntinn thairis mu 'n bhlàr.
 Fo dhubhar nan crann tha chlann ag aithris
 Air rann nan eal' air an t-snàmh;
 Gach coire is sliabh cho sgiamhach sealladh,
 'S a' ghrian 'gam faire le bàidh,
 'S gach lus a bha crìonadh shìos fo 'n talamh
 Le 'n ciabhan glan' ris a' bhlàths.

Tha fois agus sith aig tuinn na mara,
 Cho mìn a' teannadh gu tràigh,
 Chan fhaicear an cìrean millteach greannach
 'Nan still mu'n charraig le càir;
 Na creagan cho uaibhreach shuas mar challaid,
 'S cha ghluais am balla gu bràth;
 Bidh meallan de cheò cur sgleò mu 'm bearradh,
 'S na h eòin am falach fo 'n sgàil.

Tha aoibh agus sunnd air gnùis na cruinne,
 Cho ùr fo dhuilleach 's fo bhlàth,
 Gun airc no gun éis air spréidh no duine,
 'S gach réidhlean uile cho làn;
 Tha uiseag nan lòn gun bhròn gun mhulad,
 Le h-òran suillein gu h-àrd;
 'S théid mise do 'n choill le loinn nan cruinneag
 A sheinn air luinneig le càch.

NIALL MacLEOD.

Copyright—A. MacLabhrunn 'sa Mhic.

FAILTE A' CHAIT

Mìle fàilte dhuitsa Chait
 O'n thra tharladh dhuit am uchd;
 Cuim nach leigte móran leat,
 'S a liuth'd bean thug ro-ghràdh dhuit?

'N tu 'n cat fiadhaich bhiodh aig Fionn,
 Ri fiadhach o ghleann gu gleann?
 An tu bh'aig Oscar an fhuilt fhinn?
 Dh'fhàg thu laoich fo dhochair ann.

An tu chaidh air leirg a nunn
 An là sin a shealg nam beann?
 An tu chuir an t-sùil ri toll?
 'N tu chrom g'an cunntas thall?

'N tu chaidh gu comunnach ciùin
 Gu Brugh Soluis nam ban saor?
 Le maisealachd do dhà shùl
 Thuit iad uil' ort an gaol.

Dona sin a chait na cluaise
 Tachdar thusa 'n geall a' chàise,
 Iocaidh do mhuineal a smuais as,
 'Si 'n uair-sa deireadh do là-sa.

B'fhèarr dhuit a bhith marbhadh luchag,
 An t-sealg sin bu dual do phiseig,
 Dol do'n bheinn a mharbhadh uiseag,
 Air feadh chuisseag agus dhriseag.

From The Turner Manuscript,
Reliquiae Celticae, Vol. 2.

MO CHOMHNAIDH TAOBH AN T-SAIL

Chan fhuirich sruth ri bàta,
 Chan fhuirich là ri rìgh;
 Na bliadhnachan 'gar fàgail,
 A dh'aindeoin spàirn is strìth.
 Ach 's tric gheibh m' inntinn tlàths,
 'S mo chridh' o fhuarachd blàths,
 Ann an cuimhne caidir m'òige,
 'S mo chòmhnaidh taobh an t-sàil.

Air iomadh uair 's mi 'm ònar
 'Nan cròilean chì mi chlann,
 Le greim air cirb an còtain
 A' còmhlachadh nan tonn;
 A' beadradh ris na still,
 'S a' còmhrag ris na mill:
 Gur a cuimhne caidir dhòmhsa
 Mo chòmhnaidh taobh an t-sàil.

'N uair dhirinn ris na stùcan
 O 'm faicinn lùb a' chaoil,
 O 'm biodh am bàta stiùireadh,
 'S i giùlan luchd mo ghaoil;
 Le toradh cuain is àgh,
 Gum buannaicheadh i 'm bàgh;
 Gur a cuimhne caidir dhòmhsa
 Mo chòmhnaidh taobh an t-sàil.

I tighinn ri fuaradh ealamh,
 Fo iùil nan gallan suairc,
 Air nach cuir geamhradh ainnis,
 Air nach cuir gailleann fuachd;
 Spriot o sròin 'na deann,
 Rolag gheal fo ceann;
 Gur a cuimhne caidir dhòmhsa
 Mo chòmhnaidh taobh an t-sàil.

B'e 'n sòlas còmhradh cagailt,
 'S a' chòmhlán gheanail ghrinn;
 Bu taitneach sgeul o'n aithris,
 No duan le caithreim binn:
 Toirt aiteil de na bh'ann
 O chian an tìr nam beann;
 Gur a cuimhne caidìr dhòmhsa
 Mo chòmhnaidh taobh an t-sàil.

'N uair thilgeadh beinn a dubhar
 Air coill fo dhuilleach gorm,
 Dé dh'fhàgadh m'inntinn dubhach,
 Dé chuireadh mulad orm?
 'S mo leannan caomh ri m' thaobh,
 Leinn féin fo sgàil nan craobh:
 Gur a cuimhne caidìr dhòmhsa
 Mo chòmhnaidh taobh an t-sàil.

Mar chuairt feadh chluain nan dithean
 Tha chuimhn' do m'inntinn tlàth,
 Ged 's tric mo chridhe 'g innseadh
 Nach till sud rium gu bràth:
 Mo bheannachd leis na bh'ann
 An tìr nan sruth 's nan gleann:
 Gur a cuimhne caidìr dhòmhsa
 Mo chòmhnaidh taobh an t-sàil.

IAIN MACPHAIDEIN.

MARBHRANN

DO

ROB RUADH MAC GRIOGAIR

Rinn mi suidh' aig a' chàrn,
 Ghabh mi mulad nach gann
 Mu'n sgeul thàin' a nall an rathad so.

Gun robh gaisgeach mo ghaoil
 'Na laigh' air a thaobh;
 Mo chreach rinn an t-eug thug farraid ort.

Nam biodh teanga 'nam cheann,
 Dhèanainn labhairt 'san am,
 'S cha bu duilich an rann so ghabhail domh.

O'n dh'éirich a' ghaoth
 Leis na leagadh a' chraobh,
 Tha sinne gu caointeach gearanach.

Bu tu seabhag an t-sluaigh
 Ris an cainte Rob Ruadh,
 Is math thig breacan mun cuairt is claidheamh dhuit;

Mar ri dag a' chinn òir
 Air a' chriosan bu bhòidhch',
 Cha bu tais ann an tòs catha thu.

Dh'fhalbh sealladh nan sùl,
 Is stad an teanga b'fheàrr lùth;
 Is tha'n t-sluasaid 'san ùir 'a feitheamh ort.

Gur gile do thaobh
 Na sneachd air an raon,
 Bha uaisle anns gach taobh o'n gabhar thu.

Bu bhòidheach sealladh do shùl,
 Chan 'eil morair no diùc
 Air nach buinigeadh tu 'n cùisibh seaghachais,

Ged a shiùbhlainn leam féin
 Gu iomall an t-saoghail,
 Chan fhaigh mi a chaoidh do leithid ann.

ORAN DO'N PHRIONNSA TEARLACH

Is éibhinn leam fhéin, tha e tighinn,
 Mac an rìgh dhlighich tha bhuainn;
 Slios mòr rioghail do'n tig armachd,
 Claidheamh is targaid nan dual.

Samhail an Fhaoilich a choltas,
 Fuaradh-froise is fadadh-cruaidh;
 Lann tana 'na làimh gu cosgairt,
 Sgoltadh chorp mar chore air cluain.

Torman do phìoba 's do bhrataich
 Chuireadh spiorad bras 'san t-sluagh;
 Dh'éireadh ar n-àrdan 's ar n-aighe,
 Is chuirte air a' phrasgan ruaig.

Tàirneineach a bhomb 's a chanain
 Sgoilteadh e an talamh le chruas;
 Fhreagradh dha gach beinn 's gach bealach,
 Is bhodhradh mac-talla ar cluas.

Gur mairg do'n éideadh 'san là sin
 Còta grànd' de'n mhàdar ruadh,
 Ad bhileach dhubh is cocad innt':
 Sgoiltear i mar chàl mu'n cluais.

O hi-rì-ri tha e tighinn,
 O hi-rì, an rìgh tha bhuainn;
 Faigheamaid ar n-airm 's ar n-éideadh,
 Breacan an fhéilidh an cuaich.

ALASDAIR MACDHOMHNAILL

(Alasdair mac Mhaighistir Alasdair).

LOCH DUBHTHAICH

Fàilt ort, a Loch Dubhthaich! Fàilt ort!
 Nam bu bhàrd a réir mo dhùrachd
 Mis' an diugh, gu fonnmhor sàrghrinn,
 Fhìor loch àlainn thogainn cliù ort.

A' bhirlinn a' teicheadh o 'n doineann,
 Chan ainmig 'nad rathad-sa stiùradh,
 'S tu fosgladh do bhroillich mar shlànuihear,
 Toirt fasgaidh is fàrdaich do 'n dùile.

A bheanntan a phògas na reultan,
 Chan 'eil sibh gun aobhar bhith pròiseil,
 'S gum faigh sibh bhith coimhead ur n-àilleachd
 Gach latha an sgàthan cho òirdhearc.

O, is àghmhor mar so bhith 'gur faicinn
 Air tràth feasgair a' sracadh nan speuran;
 No 's a' mhadainn le 'r curraicibh òrbhuidh',
 'N uair tha ghrian as a ròs-leaba 'g éirigh.

A Dhùin ud a dh'éireas o'n charraig,
 Rinn aois iomadh sgar ann ad chliathaich;
 A thannaisg nan làithean a thréig sinn,
 Chan iongnadh 'nan déidh ged a liath thu.

'S tu an sin ann ad aonar ad sheasamh,
 Mar Oisean an déidh na Féinne;
 Tim bheag agus leanaidh tu càirdean—
 A Dhùin, tha làmh làidir an éig ort.

Cha tearc ris a' ghealaich, mas fìor iad,
 'N òigh-mhara mu thimcheall do gharbh-stéidh;
 A h-òr-leadan féin aic' 'ga chìreadh,
 Is i seinn—'n e da-rìribh do mharbhrann?

O, easaibh as binn-fhuaimneach siubhal,
 Gu far bheil Loch Dubhthaich a' bruadar,
 Chan iongnadh leam idir le 'r crònan
 Ged robh esan an còmhnaidh 'san t-suain so.

O, càit bheil na h-òighean as gile?
 O, càit an tric flidh ri dàn daibh?
 O, càit ach mu bhruachaibh Loch Dubhthaich?
 Slàn leat, loch mo chridhe! Slàn leat!

EOGHAN MACCOLLA.

AM BRUADAR

Air bhith dhomhsa ann am shuain
 A' bruadar dìomhain mar tha càch,
 Bhith glacadh sonais o gach nì,
 Is e 'gam dhibreadh anns gach àit;

Ar leam gun tàinig neach am chòir,
 'S gun tubhairt e rium gur gòrach mì,
 Bhith smuainteach greim a ghléidh' de 'n ghaoith,
 No gun lion an saoghal mo chridh.

"Is dìomhain duit bhith 'g iarraidh sàimh,
 'N aon nì no 'n àit air bith fo 'n ghréin;
 Cha chlos do d' chorp an taobh so 'n uaigh,
 No t'anam 'n taobh so shuaimhneis Dé.

"An nì bu mhó d' an tug thu miann,
 Nach d'fhàg a mhealtainn riamh e searbh?
 Tha tuilleadh sonais ann an dùil,
 Na th' ann an crùn le bhith 'na shealbh.

"Ceart mar an ròs atà 's a' ghàr',
 Seargaidh a bhlàth 'n uair théid a bhuaibh,
 Mun gann a ghlaças tu e 'd làimh,
 Tréigidh a àile e 's a shnuadh.

"Nì bheil neach o thrioblaid saor,
 A measg a' chinne-daonn' air fad;
 'S co-lionmhor osna aig an rìgh
 Is aig an neach as isle staid.

"Tha smùdan féin a ceann gach fòid;
 Is dórainn ceangailt' ris gach math;
 Tha 'n ròs a' fàs air drisibh geur',
 'S an taic a chéil' tha mhil 's an gath.

"Ged chì thu neach an saibhreas mór,
 Na meas a shòlas bhith thar chàich;
 An tobar 's glaine chì do shùil,
 Tha ghrùid 'na iochdar gabhail tàimh.

"'S ged chì thu neach an inbhe àird,
 Tha e mar nead am bàrr na craoibh';
 Gach stoirm a' bagradh thilgeadh nuas,
 'S e air a luasgadh leis gach gaoith."

DUGHALL BOCHANAN.

ORAN SEACHRAN SEILGE

Chunnaic mi'n damh donn 's na h-éildean
Dìreadh a' bhealaich le chéile;
Chunnaic mi'n damh donn 's na h-éildean.

'S mi teàrnadh a Coire Cheathaich,
'S mór mo mhìghean 's mi gun aighear;
Siubhal frithe ré an latha,
Thilg mi sprainghe nach d'rinn feum dhomh.

Ged tha bacadh air na h-armaibh,
Ghléidh mi'n Spàinteach chun na seilge,
Ged a rinn i orm de chearbaich,
Nach do mharbh i mac na h-éilde.

An uair a dh'éirich mi 's a' mhadainn,
Chuir mi innte fùdar Ghlaschu,
Peilear teann is trì puist Shas'nnach,
Cuifean asgairt air a dhéidh sin.

Bha 'n spor ùr an déidh a breacadh,
Chuir mi ùille ris an acfhuinn,
Eagal driùchd bha mùtan craicinn
Cumail fasgaidh air mo chéile.

Laigh an eilid air an fhuaran,
Chaidh mi farasda mun cuairt di,
Leig mi'n deannal ud m'a tuairmse,
Leam is cruaidh gun d'rinn i éirigh.

Ràinig mise taobh na bruaiche,
Is chosg mi rithe mo chuid luaidhe;
An uair a shaoil mi i bhith buailte,
Sin an uair a b'àird' a leum i.

Is muladach bhith siubhal frithe,
Ri là gaoith' is uisg' is dile,
Is òrdugh teann ag iarraidh sìthne,
Ag cur nan giomanach 'nan éiginn.

Is mithich teàrnadh do na gleannaibh,
O'n tha gruaman air na beannaibh,
Is ceathach dùinte mu na meallaibh,
Ag cur dallaidh air ar léirsinn.

Bidh sinn beò an dòchas ro-mhath,
Gum bi chùis na's fheàrr an t-ath-là,
Gum bi gaoth is grian is talamh
Mar is math leinn air na sléibhteann.

Bidh an luaidhe ghlas 'na deannaibh,
Siubhal réidh aig conaibh seanga,
Is an damh donn a' sileadh fala,
Is àbhachd aig na fearaibh gleusda.

DONNCHADH BAN MAC AN T-SAOIR.

DO'N BHOGHA-FHROISE

A Bhogha àlainn, ghràsmhoir, òrbhuidh',
Urrais àird air slàinte is còmhnaidh,
Biodh t'fhiamh ghàire ort an còmhnaidh;
Seall an gràdh orm ri uchd dórainn.

An uair a reubas stoirm an t-adhar,
Ag cur nan dùl air mire-chatha,
'N uair laigheas oidhche air uchd an latha,
Faiceam soillse do ghnùise fathail.

Cuir an céill dhomh, theachdair dhilis,
Gealladh aoibhneach Dhé na firinn';
Innis dhomh am briathraibh mìne
Chaidh nach sgriosar sinn le dile.

Seallam ort, a sheud ro-àlainn,
Mar air teachdair Rìgh na Slàinte,
Mheasar leamsa fad mo làithean
Mar an ròd gu glòir is pàrras.

'N uair bha mi 'm leanabh aotrom gòrach,
A' dearc le h-iongnadh air do bhòichead,
Dh'innseadh dhomh mar sgeul gun bhòilich
Nan glacainn thu gum mealainn stòras.

O raon gu raon 's tric chuir mi 'n ruaig ort,
Le dòchas baoth gun tugainn buaidh ort;
Ach char is mheall thu mi 'gam bhuaireadh,
Mar iomad faileas faoin o 'n uair sin.

Ach ged a mheall thu mi am bharail,
'S nach do chum thu rium do ghealladh,
Ged a chaochail glòir do ghathan,
Is ged a sgaoil iad feadh an adhair,

Dearcam ort, 's na ceileam uam e,
An Tì nach tréig mi ri uchd cruadail,
An Tì bheir slàinte dhomh is sòlas,
Is leis nach meallar chaidh mi 'm dhòchas.

An uair bhios tuiltean trom' air m' anam,
Is tonnan buaireis a' dol tharam,
Le sùil creidimh riut an còmhnaidh,
Ios', be dhòmhsa ad bhogha dòchais.

DONNCHADH MAC GILLE EATHAIN.

MADAINN EARRAICH.

Nach aoidheil tiorail fuaim nam fras
An doire chaoil nan geug;
Gach boinne mìn a' tuiteam bras
Le lannir lith nan leug,
Ag uisgeachadh nam meanglan òg',
'S 'g an tabhairt beò bho'n eug.

Bidh iomradh buan aig fuinn is dàin
Mu sgèimh nan earrach ùr;
Mu'n neòinean bheag 's mu'n t-sòbhraich bhàin
Le'n cuailean làn gun smùr;
Mu bhròg-na-cuthaig feadh nam bruach,
'S mu dhòchas cluain nam fùr.

Tha bith na beatha briosgadh beò
An tòs an earraich nuaidh;
Tha blàths na gréine 'g aiseag deò
Do'n talamh reòdhta, chruaidh,
'S ag claidh nan sian gun dreach gun loinn,
A thug a' choill fo bhuaidh.

Nach sunndach mireag lùthmhor luath
 Nan uan air srath an fheòir;
 Ag cluich 's ag gleachd le gean gun fhuath,
 A chionn gun d' fhuair iad treòir
 Bho àrach fial a' bhainne bhlàth,
 'S am màthraichean 'n an còir.

Tha cuimhne throm nam bliadhn' a dh' fhalbh
 A' toirt nan deur gu m' ghruaidh;
 Tha'n dòchas àrd nach fuirich balbh
 A' lasadh eud na buaidh;
 Tha bith na beatha briosgadh beò
 An tòs an earraich nuaidh.

NIALL ROS.

DO ALASDAIR DOMHNALLACH,
 FEAR BHALLAIDH

Do bheatha dhachaid ho 'n Chuan Sgi,
 Fhir Bhàllaidh nan lann liomhaidh geur;
 Nan lann sgaiteach claiseach cruaidh;
 Seabhag na h-uaisl' as mór spéis.

Mo cheisd air ceannard an t-sluaigh,
 Anns an ruaig a b'eutrom ceum,
 'S leómhann guineach thu 'n robh spid,
 Am beul firinneach gun bhréig.

Is iomadh bantrach air a glùin,
 A ghuidh 'na h-ùrnaigh dhuit deagh-sgeul,
 Agus dilleachdan gun treòir
 Leis 'm bu deònach dol fo d' sgéith.

Rinn na beannachdan thu slàn,
 Le toil 's le fàbhar Mhic Dhé,
 Ghairm na seabhaig anns a' chòs,
 Théid am fasgadh oirnn gu léir.

Do bheatha dhachaidh o 'n Chuan Sgi,
 Fhir Bhàllaidh nan lann liomhaidh geur;
 Nan lann sgaiteach claiseach cruaidh;
 Seabhag na h-uaisl' as mór spéis.

ALASDAIR MACDHOMHNAILL.

FAILTE BHRAGHAID ALBANN

Moch 's a' mhadainn 's mi dùsgadh,
 'S trom m'aigne 's mi tùrsach gu leòr,
 A' sior-chuimhneach na dùthcha
 Far 'n do chleachd mi bhith 'm bhuachaille bhó;
 Gheibhte sitheann is iasg ann
 Agus ealachan lionmhor air snàmh,
 Coileach-dubh agus liathchearc,
 Is ciod tuilleadh a dh'iarradh tu ann?

O, fàilt air Bràid Albann!
 Gheibhte féidh ann is earban is minn,
 'S iad 'nan laighe gu cuanmhor
 Ann am feadanaibh luachrach is ciob;
 Na daimh 's na h-éildean mun cuairt daibh,
 'S iad 'nan laighe air gualainn an tuim,
 'S iad gu bior-shùileach cluasach,
 Feitheamh ciod thig mun cuairt anns an oidhch'.

Chan 'eil sruthan gun iasg ann,
 Is chan 'eil gleannan gun fhiadh ann a chòir,
 Le minneanaibh riabhach
 'S iad 'nan laighe gu lionmhor measg feòir;

Damh cabrach 's sròn fhiat' aig'
 Gabhail gaoith' ann an sìantaibh nan neòil,
 Bu shunndach leam bhith 'gan iarraidh
 Ann am madainn chiùin ghrianaich gun cheò.

Locha Tatha nam bradan
 Tha tighinn o'n fhairge bu drabasta tonn,
 'S iad gu deargbhallach tarrgheal,
 Iteach meanbhbreac gormbhallach lom;
 'S iad a' leum ris gu colgarr',
 Glacadh chuileag air bharruibh nan tonn,
 Tha iad lionmhor 's gach linne,
 'S iad ag cladh air a' ghrinneal 'san fhoann.

Càite bheil ann an Albainn
 Ait as feàrr na Bràid Albann mo rùin?
 Tìr nan gaisgeach bha dìleas
 A sheasamh na firinn' 's a' chrùin;
 Gheibht' ann cruinneagan bòidheach
 A sheinneadh dhuinn òrain bha binn;
 Tìr nam filidh bha àlainn,
 Is lionmhor bàrd a chaidh àrach 'nad ghlinn.

CREAG UANACH

Mi 'm shuidhe air sìodhbhrugh nam beann
 Ag coimhead air ceann Locha Tréig,
 Creag Uanach mu'n iadh an t-sealg,
 Griann àrd am biodh na féidh.

Creag mo chridhe-sa Creag Uanach,
 Creag an d'fhuair mi greis de m'àrach;
 Creag nan aighean 's nan damh siùbhlach,
 A' chreag ùrail aighearach ianach.

A' chreag mu'n iadhadh an fhaghaid,
 Bu mhiann leam a bhith 'ga tadhal,
 An uair bu bhinn guth galain gadhair
 Ag cur greigh gu gabhail chumhaing

Is binn na h-iolairéan mu bruachaibh,
 Is binn a cuachan 's binn a h-eala;
 Is binne na sin am blaoghan
 Nì an laoghan meanbhbreac ballach.

Creag mo chridhe-s' a' Chreag Mhór,
 Is ionmhainn an lón tha fo a ceann;
 Is annsa an lag tha air a cùl
 Na machair is mùir nan Gall.

Cha mhi fhin a sgaoil an comunn
 A bha eadar mi is Creag Uanach,
 Ach an aois 'gar toirt a chéile:
 Gur goirid a' chéilidh fhuaras.

'S i creag mo chridhe-sa Creag Uanach,
 Chreag dhuilleach bhiolairéach bhraonach,
 Nan tulach àrd àlainn fiarach:
 Gur cian a ghabh i o'n mhaorach.

GUTH A' CHUAIN

Tha 'n cuan dhòmhsa mar fhear-eòlais,
Tighinn am chòmhdhail air an tràigh;
Fiamh a' ghàir' air aodann preasach,
'S a thuinn bheaga cur orm fàilt.

'S tric 's na làithean a chaidh seachad,
Bheachdaich mi air cruth nan stuadh,
Tighinn chum teachdaireachd na mara
Liobhairt air a' chladach chruaidh.

A bhith beachdach' orra daonnan,
Le 'n ceòl caochlaideach am chluais,
Dh'fhàg air m'inntinn samhladh mórachd,
Nach dèan briathra beòil a luaidh.

'S ged tha'n teachdaireachd do-leughadh,
Gheuraich i, ar leam, mo smuain,
Gu bhith rannsachadh na duibhre
Tha 'gar cuibhreachadh mun cuairt.

Ann an Teampull mór na Cruinne,
Tha ar cuid againn 's a' chùirt;
'S roinn-bhrat tribilt' air ar n-inntinn,
A' cleith dìomhaireachd na cùis'.

Ciod, ma tà, as ciall do'n t-sealladh
Chaidh a cheadachadh do'n t-sùil?
Nèamh is talamh mar fhaoin-fhaileas,
Air nach d'fhuair sinn fathast iùl.

Na speuran sgaoilt' os cionn ar cinn;
An talamh fillte fo ar ceum;
Is freumh ar nàduir toinnte dlùth
Mu gach dùil 'sa' chruinne-ché.

A' mhaoth-ghaoth chéit a measg nan geug,
A' luasgadh teuda gleusd' nan crann,
Air sgiathaibh mine giùlan sìos
Laoidhean binn' nan iomadh rann.

Bho chiùin-bhorbhan braoin air duille,
Gu àrd-ghuth na gaillinn gairg';
Creag a' freagairt fuaim na tuinne,
'S gun aon nì 's a' chruinne balbh.

Aom do chluas is éisd an luathghair
Tha dol suas o mhuir 's o thir,
'S ged nach tuig smuain na chluinneas cluas,
Creid nach 'eil an fhuaim gun bhrìgh.

DOMHNALL MACÈACHARNA

COMHRADH EADAR FEAR-TURUIS
AGUS
SEANN CHAISTEAL INBHIR-LOCHAIDH

F.T. Aibhis fhuar! gun tuar, gun dreach,
Is mór an caochladh th'ort air teachd;
Bha thu uair 'nad àros rìgh,
Is tu gu stuaghach àrd is grunn:

Tha thu 'n diugh 'nad bhuaile bhó,
Is cóinneach uain' teachd troimh do chòs,
Feur mu d' mhullach shuas a' fàs,
'S do bhalla claonadh sìos gu làr.

C. Dhùisg mo bhròn le d' chòmhradh gràidh
'S tha deòir a' ruith o m' shùilean fàs';
Is coamh feam iomradh air na tréin,
Ge fada ghluais iad uam an ceum.

Bha uair a bha mi àlainn ùr,
Rìghrean is flaithean ann mo mhùr;
Nam faiceadh tusa féin an lò,
Cha b'iongnadh leat an diugh mo bhròn.

Ach thréig na tréin a b'fhéile gnàths
Is dh'fhàg iad mise falamh fàs,
Gun neach 'san t-saoghal 'ga bheil suim,
Ged chite mi 'nam làraich luim.

Ach innseam dhuit-s', a mhacain bhig,
'S na ceil e air an àl a thig,
Gum faicear mise 'nam thigh rìgh,
Mun tig an saoghal so gu crìch.

Nis beannachd leat is gabh do cheum,
Is aithris anns gach tìr d'an téid
Gur ann an so a bha na tréin

Nach 'eil an samhla an diugh fo'n ghréin,
'S nach bi gu 'n till mo ghineal féin.

Beannachd leat, 's ann diùbh thu féin,
'S ma bhios tu beò bi tric air m'fhéisd.

AM MARAICHE 'S A LEANNAN

O, 's mairg tha 'n diugh feadh garbhlaich,
'S ri falbhan a measg fraoich;
Is gathan gréin' gu h-òrbhuidh;
A' dòrtadh air gach taobh;
Gum b'fheàrr a bhith air bàrr nan tonn
Air long nan cranna caol;
'S a' faicinn nan seòl ùra
Ri sùgradh anns a' ghaoith.

O, fhleasgaich òig gur gòrach leam
Do chòmhradh anns an uair,
An fhraoch-bheinn ghorm 'ga samhlachadh
Ri gleanntan glas' a' chuain;
'S gur tric is aobhar caoinidh leam
A h-aon dha'n tug mi luaidh,
Bhith as mo shealladh fad air falbh
Air bharrabh garbh nan stuagh.

A ribhinn òg dha'n tug mi gaol,
B'e bhith ri d' thaobh mo mhiann
Bho'n chiad là riamh thug mi dhuit spéis
Bu tu mo reul 's mo ghrian;
Ach taobh ri taobh, a luaidh, ri d' ghaol,
Tha m'aigne 'g aomadh riamh
Gu marcachd nan tonn dubhghorm
A dh'aindeoin dùbhlachd shian.

O, leam bu mhiann a bhith 's an luing,
'S an stiùir a bhith 'nam làimh,
An uair bhios muir gu nualanach,
'Na glinn 's na stuaghan ard';
A' brùchdadh barra-gheal fo sròin,
'S le crònan seach a sàil;
I 'g éirigh aotrom air gach tonn,
Is fonn oirre ri gàir.

I 'g éirigh aotrom air an t-snàmh,
Mar eala bhàin 's a' chaol,
Gach sgòd aice a mach gu cheann
'S gach seòl a' tarraing gaoith';
I falbh le cuinnean fiadhta,
Thar tuinn a b'fhiadhaich gaoir,
Mar steud-each cruideach, uaibhreach,
A thug m'a chluais an taod.

'S an uair a thigeadh sìochaint oirnn,
S' a' ghrian a' dearrsadh caoin;
Gum b' aotrom bhith le ceòl is sunnd,
Cur siùil ri slatan caol;

'S an uair a bhiomaid dìomhanach,
Mo dhriamlach thar a taobh,
Is mi gu h-ait a' seinn le fonn,
"A nighean donn mo ghaoil."

O, oigear ùir, nach éisd thu rium
Ged 's mor do spéis do'n chuan,
Cha mhair an òige daonnan
Is 'nuair thig an aois le gruaim,
Gur bochd an obair seann duine
Bhith mach feadh ghreann nan stuagh,
Fo chathadh geal nan bòc-thonn,
Tre'n oidhche reòdhta fhuair.

O ainnir dhonn na sil na deòir
Mu bhròn nach tig a chaoidh;
Tha 'n Tì a' riaghladh air a' chuan
Tha riaghladh chluaintean fraoich;
Is ged, a luaidh, a shiùbhlas mi
Gu oirean cian an t-saoghail
Bheir E mi dhachaidh sàbhailte
Gu broilleach blàth mo ghaoil.

Is ged is goirt an dealachadh
Bidh 'n coinneachadh d'a réir,
'S ar cridheachan an dealas ùr,
A' dlùthachadh ri chéil';
An gaol gun mheirg gun fhàilneachadh
Ach mar a bha gun bheud
Gach turus-cuain 'ga ùrachadh
A Mhùirneag a' chùil-réidh.

MAIRI NIC EALAIR.

MOLADH NA H-AIRIGH

Théid, théid, théid sinn gu dealasach,
Théid, théid, théid sinn gu caithreamach,
Théid, théid, théid sinn gu farumach,
Gu àirigh nan aighean 's nam bó.

Fàgaidh sinn còmhnaidh ghlinn le 'r n-eallaichean,
Gu siubhal nam beann 's nan glac as aithne dhuinn,
Sòlas da-rìribh ceumadh bhealaichean,
'S ar sùil ri àirigh nam bó.

'S na timean a dh'eug gum b'aobhar subhachais
Bhith saodach na spréidh' gu fonnmhor suigeartach
Gu àirigh nam beanntan tolmach uchdanach,
Bhiodh slàint' is sonas 'nan còir.

Bhith còmhnaidh feadh bheann bho am na cuthaige,
Gu toiseach a' gheamhraidh ùdlaidh dhubhailce,
Ag cuallach no spréidh' 's na glinn 's na mullaichean,
Chuir sunnd is càileachd 'nam pòr.

Bhiodh cuinneag is cuach, bhiodh miosar a' bhainne
ann,
Bhiodh meadar a' mhig is muidhe le loinid ann,
Bhiodh maighdean no buaile smùid oirre bleoghann
ann,
Is i suidhe le cumann 'na dòrn.

Bhiodh Ìm agus gruth, bhiodh mulachagan geala ann,
Is imeadal gu teann 'gan gléidheadh gun smalan ann,
Bhiodh gobhair nan creag 'gan saodach gu mainnir ann,
'S a' ghruagach 'gan leigeil le deòin.

Bhiodh ealtainn na coill' le sùrd 's a' chamhanaich
A' togail air gheug nam pongan caithreamach,
Is ùdlaich' nan stùc le gheum ri langanaich,
Mac Talla 'ga fhreagairt gu seòlt'.

AONGHAS MOITREASDAN

AN SRUTHAN

Chunnaic mi 'n sruthan
 Ag éirigh 's a' mhunadh
 Is a' triall air a thurus
 Feadh ghlumag a' chàir;
 A' fiaradh a' mhullaich
 Is a' siaradh na tulaich,
 Ag iarraidh le bruthach,
 Is a thurus gu tràigh.

A shruthain, air t'athais!
 Nach dèan thu rium mailis?
 Dé aobhar do chabhaig?
 Fan tamull mar thà.
 Na cluanagan uaine
 An achlais nam fuarbheann
 Cur cagair 'nad chluasan,
 Thu ghluasad gu fàil.

Chunnaic mi 'n sruthan
 A' teàrnadh a' bhruthaich;
 Gu mear a' cur char dheth
 'S na buinneachan blàth';
 A' ruith mu na stacan,
 A' leum bhàrr nam bacan,
 Is eòin bheag' na h-ealtainn
 Ri caisimeachd dhà.

A shruthain, a shruthain,
 Nach dèan thu rium fuireach?
 Is gur goirid an turus
 O mhunadh gu tràigh.

An uair ruigeas tu 'n réidhlean
 Cha bhi thu cho éibhinn;
 Théid maille 's a' cheum sin
 Tha eutrom an tràth-s'.

Chunnaic mi'n sruthan
 Gu cianail a' siubhal,
 A' chuing air a mhuineal,
 Is e umhal air fàs;
 Ag gluasad gu dubhach
 An amar dubh giuthais
 A' tionndadh nan cuibheall
 Aig muileann a' ghràin.

A shruthain, a shruthain,
 Gur mise tha duilich
 A' sealltainn na buile
 Gus na chuireadh thu'n tràth-s';
 Do bhùrn air a thruailleadh,
 Do shruth air a bhuaireadh,
 Is barrag na druaipe
 Mu do bhruachan a' snàmh.

Chunnaic mi'n sruthan
 Seach baile nan turaid
 Ag giùlan nan luingeas
 Bu truime gu sàil;
 Air caochladh cho buileach
 An aogas 's an cruitheachd
 O'n chaochan a chunnaic mi
 Sruthadh troimh 'n chàir.

A shruthain, a shruthain,
 Mo bheannachd ad chuideachd;
 Chan fhada ceann-uidhe
 Nan uile bho d' chàs:

Tha fuaim a' chuain bhithbhuain
 Ad chluasan a' dinneadh
 Gur suarach an t-slighe
 'S i an giorrad a' fàs.

Tha feasgar an latha
 A' tarraing am fagus,
 An caladh 'san t-sealladh
 'S an gabh thu gu tàmh;
 Ach faicear thu fathast
 Air sgiathan na maidne,
 Gun smur no gun smal ort
 Mar chanach a' chàir.

DOMHNALL MACÈACHARNA.

SEANNFHACAIL AGUS COMHADAN

Tha an fhirinn gu cliùiteach sona,
 Cha chron air duine bhith fial;
 Is feàrr beagan anns an onoir
 Na an donas is ceithir chiad.

Is ainmig a dh'éireas fortan
 Le fear crosda bhios gun céill;
 Is feàrr do dhuine fuireach sàmhach
 Na droch dhàn a chur an céill.

Tha a ghaineamh féin anns gach sruthan;
 Chan 'eil tuil air nach tig tràghadh;
 Is dona an càirdeas gun a chumail,
 Is chan fhaighear duine gun fhàillinn.

Is coltach fear tha ris an fhoill
 Is nach 'eil sgoinn aige de'n chòir,
 Ris an duine a thaisg an luaidh
 Agus a thilg uaidh an t-òr.

Is dona thig maighdean gun bhith beusach;
 Cha dèan fear gun ghéire dân;
 Cha dèan fear gun fhoghlum leughadh,
 Is cha tig léigh gu duine slàn.

Smuainich mun dèan thu labhairt,
 Mas àill leat do ghnothach bhith réidh;
 Is feàrr dhuit sealltainn beagan romhad
 Na sealltainn fada as do dhéidh.

Is trom snighe air tigh gun tughadh;
 Is trom tubaist air na dràicean;
 Is duilich do mhnaoi beanas-tighe
 Dhèanamh air na fraighibh fàsa.

Cha trom leis an loch an lach,
 Cha trom leis an each an t-srian;
 Cha trom leis a' chaor' a h-olann,
 Is cha truimide colann ciall.

Cha trom leis an fhiadh a chabar,
 Cha trom leis a' choileach a chìrean;
 Nì mheasas aon neach mar leathtrom
 Chì neach eile mar thoil-inntinn.

Is math caraid anns a' chùirt
 Ma thig neach gu trioblaid;
 Is fearr aon eun 'san làimh
 Na dhà dheug air iteig.

Am fear nach dèan àr ri latha fuar,
 Cha dèan a buain ri latha teth;
 Am fear nach dèan obair no gnìomh
 Chan fhaigh a biadh feadh nam preas.

Is diomhain duit a bhith toirt teagaisg
 Do neach a chuir cùl ri eòlas;
 Mar thionndaidheas a' chòmhlaid air a bannaibh
 Pillidh an t-amadan ri ghòraich'.

DONNCHADH LOUDIN.

AISLING AN T-SAIGHDEIR

Dh'àithn ar trompaidean fosadh aig beul dubh na
 h-oidhch',
 Bha freiceadan dileas nan rionnag 's an speur;
 Thuit miltean a sìos air an làr air an claidh,
 Am beò laigh gu cadał, an leòinte gu eug.

Air connlach 's mi sinte 'nam shuain aig a' ghriosaich,
 Le dheàrrsadh bha fuadach nam faolchon o'n bhlàr,
 Anns a' chiar-mheadhon-oidhch' thàinig bruadar bu
 mhilse,
 Is trì uairean thill e roimh ghlasadh an là.

Ar leam gun do thàr mi troimh fhàsaichean balbh',
 Fo speuran a b'aille 's gun mhàirneal 'nam cheum;
 Glé fhada bho'n àraich 's gach blàr-uidheam gharbh;
 Gu dachaidh mo chàirdean chuir fàilt orm am fheum.

Gu h-iollagach leum mi gu lònitean nan dìthean,
 An glan-mhadainn m'òige 'sam b'uallach mo thriall;
 Mo ghobhair bha miogadaich shuas air na frithean,
 Is air òrain nam buanaichean b'eòlach me riamh.

Is gheall mi do m' chàirdean, 's sinn àbhach mu'n fhìon,
 Mo dhachaidh nach fàgaim air àilgheas an rìgh;
 Mo bhean is mo phàisdean ri mo thàladh a' strìth,
 Ghuil ise is ghàir i an lànachd a crìdh:

"O, fan leinn! na tréig sinn! le sgìos tha thu leòinte—"
 Is bu deònach a dh'èisdeadh an saighdear ri'n glaoth:
 Ach dhùisg leis an ògmhadainn aobhar mo bhròin-sa,
 Is chaochail am faoin-ghuth mar cheòl air a' ghaoith.

EADAR-THÈANGAICHTE.

IORRAM CUAIN

Tha m' fhearann saibhir hiuraibh horo,
Na hiu ill o nam b'àill leibh e.
Tha m' fhearann saibhir hiuraibh horo.

Tha m' fhearann saibhir air gach taobh dhiom,
Is mo chrodh-laoigh air àirighean.

Gaoth a' séideadh, muir ag éirigh,
Is fear ag éigheach àrdghuthach.

Cathadh mara 's marcan-sine,
Is stoirm nan sion 'gan sàrachadh.

Iorram àrdbhinn shuas aig Eumunn,
Ann an cléith ràmh-bràghada.

Lunnan mine 's dùirn 'gan sìneadh,
Sileadh sìos air dheàrnaidhean.

Gaoth 'na deannan 's i ri feannadh
Nan tonn ceannfhionn ràsanach.

Chaidh cha mheataicheadh am misneach,
Na fir sgibidh thàbhachdach.

Sgaoil na neoil, bha tonnghorm ciardhubh,
Is shoillsich grian mar b'àbhaist dhi.

Mu dheireadh mhothaich iad do fhearann,
Is ghlac iad caladh sàbhailte.

ALASDAIR MAC MHAIGHISTIR ALASDAIR.

AM NA H-OIGE

A' chomhairle bheirinn air an òig',
Iad bhith làn spòrs is cridhealais;
Gun fhoill 'nan dòigh, 's gach smuain gun ghò,
'S an aigne ceòlmhor mireagach;
Gach ceum de 'n gluasad modhail suairce,
'S iad dèanamh uail an duinealas;
Is coibhneas tlàth mar fhuaran làn
Ag gabhail tàimh 'nan cridheachan.

'S e am na h-òig' an t-am bu chòir dhaibh
Dèanamh stòir a neochiontas;
Gach nì as bòidhch' an gnìomh 's an dòigh,
Bhith dèanamh còrdaidh math riutha;
An sùilean dùint' do nì nach fiù
Ach mathas ciùin a' lasadh annt',
'S an snuadh gu léir gu faoilidh sèimh
Ag cur an céill am maisealachd.

Bi cur mar sin an àird do thùir,
De chlachan fiùghant' snaidhte leat;
Gach beag is mór le loinn 'nan còir
A' dèanamh Tòr bhios maireannach;
'S ma thig tuil mhór no stoirm ad chòir
Bidh e 'na chòmhnaidh fasnagaidh dhuit,
'S ann leats' tha 'n dé, 's na h-uile spéis
Bha fad do ré a' leantainn riut.

'N uair thig an aois le làimh neo-chaoimh,
'S na h-uile baoh a leanas i,
'S a chuireas i thu 'n dara taobh
Gun chomas strith na's fhaid' agad.

Bidh thu làn buaidh gun gheilt gun ghruaim,
 'S do chridhe suairc gun aithreachas;
 'S bidh làithean t'òig' le tlachd ro-mhór
 Ag gabhail còmhnaidh maille riut.

'S e am na h-òig', 's e am na h-òig'—!
 Bi cridheil ceòlmhor aighearach;
 Na leig le sgòth a chaoidh do leòn
 Na nì le sgòid thighinn fagus duit.

CIORSTAI NIC LEOID.

SEANNCHAISTEAL INBHIR-LOCHaidH

Fear Turuis.

A Thalla nan triath,
 As am b'abhaist bhith triall
 Cinn-fheadhna nan laoch 's nan sàr;
 Aite-còmhnaidh nan rìgh
 Is maithean na tìr;
 Cha till iad a rithis gu bràth.

Chan 'eil gleusadh air pìob,
 Chaill a' chlàrsach a cli,
 Na teudan air dhìth gun seòl;
 Chan 'eil nì mar a bhà,
 Na th'air fhàgail gun stàth,
 Gun fhéisd is gun tràghadh nan còrn.

Chan 'eil grinneas air gréis,
 Chan 'eil fàitheam air bréid,
 Gun ghruagach ad chùirt na's mò;
 An damhan-allaidh le lion,
 Is an eanntag 'g a dhion,
 Gun àilleachd an tìr nam beò.

Mac Talla.

Gur searbh leam do ghlòir,
 Is gur fìor nach bu chòir
 Bhith ri uirsgeul gun treòir gun bhrìgh;
 Bidh Inbhir Lòchaidh nan tùr,
 Nam baideal 's nam mùr,
 Gu meadhrach, gun iomradh air dìth.

Mar thig uisge nam beann
 Do 'n aigeann 'na dheann,
 Car tamuill air chall o'n t-sùil,
 Gun éirich e suas
 Gu drileach a cuan,
 Is gun till e mar tha e 'n rùn.

Ged tha 'n caisteal an dràs
 Fo dhìmeas is tàir,
 Gun iomradh air cuilm, gun mhòd,
 Gum bi mar bu dual,
 Thig àbhachd is uails',
 Thig àbhaist is gnàths nan seòd.

AONGHAS MOIREASDAN.

TOBAR A' CHREACHAINN

A thobair bhig a th'anns a' chreachann
 Tha thu'n diugh mar bha o chian,
 Dìreadh nuas bho ghainmhich grinneil,
 Sruthan uisge ruith o d' bhial;
 Tormanaich measg bhulbhag chlachan
 Dol troimh 'n chreachann sgallach chlar,
 Far an caise gheibh thu'm bruthach
 Is ann as braise théid thu sìos.

Cha tiormaich thu ri cranntachd earraich,
 No idir ri gaòth 'n ear a' Mhàirt;
 Cha tiormaich thu ri tart an t-samhraidh,
 Aig gach am gu bheil thu làn.
 Cha mhùchar thu ri cur no cathadh
 Ged tha thu 'm fasgadh na Creig Bhàin,
 Cha dùin deigh ort aig an Nollaig,
 Ri reothadh an lodain làin.

Is iomadh aon a chaisg leat iota,
 Fhuarain iocshlaintich na h-àird',
 Bheir thu fionnaireachd do 'n chreubhaig,
 Is bheir thu do gach creutair càil.
 Tobar fìorghlan, uisge fallain,
 Ann an creachann Choire Sgàirn,
 Ged tha thu árd os cionn na mara
 Is mór do chabhag chun na tràgh'd.

Gheibh an eilid is a laoghan
 Deoch ri fhaotainn taobh nan càrn,
 Criomaidh iad a' bhiolair uaine
 Tha mu d' bhruachan tiugh a' fàs;

Bruchorcan gu làidir suainteach,
 Toinnteach fuaighte ris an làr;
 Is ann le toradh sùgh an fhuarain
 Bhiodaicheadh e suas 's a' Mhàrt.

Olaidh iolaire na frith' thu,
 As do dhith cha dèan i stàth,
 Ag itealaich air feadh nan stùcan
 Dh'iarraidh cùrs 'san iarmailt àird;
 Ingneach, spuireach, sgiathach, lùbach,
 Sùileach, mùgach, iteach, tlàth;
 Ath-nuadhaichidh i a h-aois gu òige
 Mar is nòs 'n uair gheibh i àl.

Olaidh fitheach dubh na gròcail
 Thu le sgòrnan srùgach càil,
 'N déidh bhith 'n earchall 'n àm na dùbhlachd,
 'S e 'gam bùireach feadh nan càrn;
 Dubhchall is dosgairn na bliadhna
 Aig an eun nach mol mi 'n dràs—
 'S duilich leam a ghob bhith truailleadh
 Uisg an fhuarain thug dhomh slàint'

Gum bi tàrmachan a' chreachainn,
 Iteach, breacach, ballach, bàin,
 Blaiseagail ri taobh do chaochain
 Bho 'n tha gaol aig' air an àit;
 'S e bhith dùrdail 'm bun nan clachan
 Ceòl-sùgraidh air madainn Mhàigh,
 'N uair bhlaiseas an t-eun an t-uisge
 Bidh thu cinnteach as moch-thràth.

Beannachd leat a nis, a thobair,
 Bu mhòr mo thogair riut 's mo mhiann;
 Tha ghrian air cùl nan stùc air cromadh
 'S is mithich dhomhsa a bhith triall.

Molaidh mi an Tì as àirde
 Dh' fhosgail tobar slàint' 's an t-sliabh,
 Thigibh 's òlaibh, saor gun phàigheadh
 Caisgidh e gach càil is miann.

DOMHNALL MAC GILLE MHAOIL.

DAN DO'N GHREIN

O thusa féin a shiùbhlas shuas
 Cruinn mar làn-sgiath chruaidh nan triath;
 Cia as a tha do dheàrrs' gun ghruaim,
 Do sholus a tha buan, a ghrian?

Thig thu ann ad àille thréin,
 Is falaichidh reultan uainn an triall,
 Théid gealach gun tuar o'n speur,
 'G a cleith féin fo stuaigh 'san iar.

Tràighidh is lionaidh an cuan,
 Caillear shuas an ré 'san speur,
 Thus' ad aon a chaoidh fo bhuaidh
 An aoibhneas buan do sholuis féin.

An uair a dhubhas mu'n domhain stoirm
 Le torunn borb is dealan beithir
 Seallaidh tu ad àill' o'n toirm,
 Fiamh-ghàir' ort am bruillean nan speur.

TIR NAN OG

O càit 'eil aoibhneas Tìr nan Og
 A mheudaich ceòl nam Fiann?
 O càit 'eil caladh rùin nam bàrd
 Is dùthaich àigh am miann?
 Oir chrom na bàird an cinn 'san ùir,
 Tha 'n clàrsach tùrsach balbh;
 Is chaochail maise Tìr nan Og
 Bho theich a glòir air falbh.

Oir mhùchadh soillse Tìr nan Og,
 Rinn aoibhneach ceòl nam Fiann;
 Is dh'fhalbh Mal-mhìn do Thìr nan Og
 'S an laochraidh mhór o chian;
 Oir chrom na bàird an cinn 'san ùir,
 Tha Cheòlraidh tùrsach balbh,
 Is thuit an oidhch' air Tìr nan Og,
 Tha loinn 's a glòir air falbh.

Nach cianail mar a shearg an dreach
 Air cluaintean Tìr nan Og,
 Mar sgaoileas bruadar faoin mu seach
 Aig briseadh fàir' an lò.
 An till a snuadh gu cluaintean àigh?
 Am faigh na bàird am miann?
 An till a' mhaise ghrinn na's mò
 Rinn aoibhneach ceòl nam Fiann?

Ach cuin a thig an loinn air ais
 A thàmh air Tìr nan Og?
 No cuin a dhùisgeas fuaim nam fonn
 Mac Alla trom nam fròg?
 Cha laigh an Aois air Gaol no Ceòl,
 Cha dèan i leòn d'an dealbh;
 Oir chum iad sonas Tìr nan Og
 'S cha teich an glòir air falbh.

NIALL ROS.

AN UISEAG

Uiseag bheag éibhinn,
Gur moch rinn thu éirigh,
Do ribheid bho gleusda
'N uair leum thu bho d' thàmh.

Dìreadh gun éislean
Do liathbhrat nan speuran
'S tu an ceudghath na gréine
Mar reult anns an àird.

Is ceòlmhor do laoidh leam
'S an ògmhadainn chùbhraidh,
Is còmhach de 'n ùrdhealt
Ri lùbadh gach blàth;

Còisir a' ghlinne
Ri ceòl air gach spiris—
'S na neòil a tha t'ionad-s'
Eòin 's binne na càch.

Is lachdann do chòta,
Gun dathan 'gad chòmhdach,
Gur ìseal do chòmhnaidh
Air còmhnard an làir;

Céile do shòlais
Gu dìleas 's a' chòintich,
Bho mhiomhodh na ròcais
Ag còmhdach a h-àil.

Is geur ort a h-iolla,
'S i 'g éisdeachd ri d' bhinneas
A' taomadh cho milis
Bho d' chridhe beag blàth;

Gràdh agus dlighe
'Gad thàladh gu tilleadh
'S tu teàrnadh mar spitheig
Gu d' nead anns a' chàr.

Uiseag bheag shunndach,
'S neo-choireach do ghiùlan,
'S gach àird gu bheil cliù ort
'S tu mùirneach aig bàird.

Is iriseal diùid thu
'S an iodhlann 'gad chrùbadh,
Le dicheall ri sgrùdadh
Measg fuighleach a' ghràin.

Is tearc a tha 'n t-ùmaidh
Nach ceadaich dhuit cuibhreann,
Is sneachda na dùbhlachd
A' smùradh nam blàr.

'S e 'n Tì rinn sinn uile,
Thug bith agus cruth dhuit;
Gun ionndrainn e 'n uiseag
Nì tuiteam gu làr.

Uiseag bheag riabhach
An spiorad no 'n eun thu?
Tha feartan neo-chrìochnach
A' riaghladh do chàil.

Fasgadh chan iarr thu
Bho aniochd nan siantan
'S tu fasgnadh na h-iarmailt'
Gu ciaradh nan tràth.

Is éibhneas do m' chridhe,
'S mo léirsinn 'gad shireadh,
Bhith 'g éisdeachd do ribheid
Ri crith-cheòl gun tàmh;

Toirt ùmhlachd is urraim
Do Chruithear na Cruinne
'S tu dìreadh le d' luinneig
Gu uinneagan Nèimh.

AONGHAS MACEachARNA

SORAIDH DHEIRDRE LE ALBAINN

Ionmhainn tìr, an tìr ud shoir,
Alba le a h-iongantaibh:
Is mi nach tigeadh aisd' le m' dheòin,
Mura tiginn le Naoise.

Soraidh soir gu h-Albainn uam;
Far am maith fradharc chuan is ghleann;
Ann bhiodh Mic Uisneach ri seilg;
B'èibhinn suidhe air leirg a beann.

Cha b'iongnadh cion bhith agam féin
Air crìoch Albann bu réidh ròid;
Bu ghlan mo chéile 'nam measg;
Bu leam a h-eich is a h-òr.

O Ghlinn Masain, sin gleann m'annsachd,
Ard a chreamh, geal a ghasain;
B'ait a dhèanainn cadal corrach
Air do mhullach-sa, Ghlinn Masain.

Gleann Da Ruadhail, gleann gach buadha,
An gleann 's am binne guth cuaiche:
Is binn guth gadhair fo 'n choille chruim
Air a' bheinn os Gleann Da Ruadhail.

Gleann Caoin, O Gleann Caoin,
Ann chaidlinn fo m' earradh caomh;
Iasg is sitheann is saill brùic,
B'e sin mo chuid an Gleann Caoin.

Loch Eite, o Loch Eite,
Is ann thogadh mo cheudtigh;
Alainn a fiodh an am éirigh,
Is buaile gréine taobh Loch Eite.

Gleann Urchainn, O Gleann Urchainn,
B'e sin an gleann dìreach dromchaoin;
Cha b'uallaiche fear a aoise,
Na Naoise an Gleann Urchainn.

SMEORACH CHLOINN RAGHNAILL

Gur e mis' an smeòrach chreagach,
An déidh leum bhàrr chuaich mo nidein,
Sholar bidh do m'eunaibh beaga,
Seinneam ceòl air bhàrr gach bidein.

Smeòrach mise do Chloinn Domhnaill
Dream a dhìthicheadh 's a leònadh,
'S chuireadh mis' an riochd na smeòraich,
Gu bhith seinn 's ag cur ri ceòl daibh.

'S a' Chreig Ghuirm a thogadh mise,
An sgìreachd Chaisteil Duibh nan cliara,
Tìr tha daonnan ag cur thairis
Le tuil bhainne meal' is fiona.

Sliochd nan eun o'n Chaisteal Tioram,
'S o Eilean Fhionain nan gallan,
Moch is feasgar togar m'ìolach
Seinn gu bileach milis mealach.

Tha mi de'n ghur rioghail luachach;
Is math eun fhaotainn a nead uasal;
Ghineadh mi gun chol gun truailleadh
Fo sgiathaibh Ailein Mhic Ruairidh.

Cinneadh rioghail th' air am buaineadh
A mìribh meara na cruadhach,
Is daoimean iad gun spàrr gun truailleadh,
Nach gabh stùr, gnè smal, no ruadh-mheirg.

ALASDAIR MAC MHAIGHISTIR ALASDAIR.

A' GHRIAN

A ghrian mhór gheal cia as do thriall,
 Cia as do bhreith bho thùs?
 Cia as do bhith, cia as do ghlòir,
 Cia as do bheath', do lùths?
 Cia as do sgéimheachd air do chuairt,
 Cia as do neart 's do threòir?
 Cia as na beannachdan o d' ghnùis
 Tha freasdal air gach seòrs?

Gur tric dhì-chuimhnich mi do bhith,
 'S tu togail suas do cheann,
 Ag òradh binneanan nan leac
 Is cruachan àrd nam beann;
 'S a' mhadainn shoir a' sgaoileadh neul,
 'G an sgapadh bhos is thall,
 Is t'abhaist choibhneil tighinn cho tric
 Gach là a thogainn ceann.

Mar sin tha t'ailleachd is do theachd
 Ag ùrachadh gach là,
 A nasgaidh fialaidh is cho pailt,
 Le ro-bheag suim bhith dhà;
 Mar shochairan a thig gun fhios,
 Gun smuain no dragh bhith ann,
 'S nach amais sinn air meud an luach
 Gus an téid gu tur air chall.

Is tusa mhàin tha toirt gu buil
 Gach aimsir ann a thràth,
 'G an stiùireadh fòs ad sholus iùil,
 'G ad leanmhainn-sa a ghnàth;
 A' ghealach rionnagan 's na reul'
 Gu sior tha ort an geall,
 'S le d' chombaist tha neo-mhearachdach
 An talamh fo ar bonn.

Thu tional suas o'n aigeann sgaoilt'
 Nan uisgeachan 'nam braon,
 'G an dòirteachd nuas a bolg nan neul
 Air machair frith is raon;
 Na h-aibhnichean 'nan siubhal fann
 Air tiormachadh le tart,
 Gu suilbhir tha a' tuirlinn nuas
 Na frasan trom' gu pailt.

Le gàirich àird is torman ciùil
 An siubhal troimh gach gleann,
 'S a' faighinn cuideachaidh gun dith
 Bho mhullach àrd nam beann;
 Gach creutair diùididh lag is truagh
 Tha 'n sàs an greim na h-airc',
 Tha thu le d' mhaithreas orra fòir,
 'G an lionadh suas gu beachd.

Gach duin' is ainmhidh ort an geall,
 An spréidh air miltean cluain,
 Meanbhchrodh suas gu bàrr nan sliabh,
 'S na tha air snàmh 's a' chuan,
 Na h-iasgan beag is mór mar aon
 Gu ruig mhuc-mhara mhór,
 Bho d' gathan tiorail tarraing lùth,
 'S tu soillseachadh an treòir.

Gach dùil air laigead anns a' choill
 Air feabhas tha gu mór,
 Gu ruig am bith as crionda dealbh
 Tha snàgail feadh an fheòir;
 Le d' shaighdean soluis ag cur ruaig,
 'S a' bioradh cridh' na h-oidhch',
 'S i diblidh fannachadh o d' chòir
 Chionn mhothaich gath do shoills'.

Chan 'eil e 'n dàn do dhuine fann
 Bhith cur an céill do reachd,
 'S nan iongantasan fillt' ad ghnè
 Chan amais orr' gu ceart;
 A ghrian mhór gheal cia as do thriall,
 Cia as do bhith bho thùs?
 'S e 'n Tì bith-bhuan a chruthaich thu
 Os cionn gach soluis iùil.

AONGHAS MOIREASDAN.

AN T-EILEAN SGITHEANACH

Air Innsean na Gréig' as àill
 Tha luaidh nam bàrd nach gann;
 B'e m' ulaidh-sa riamh na h-Eileanan Iar,
 Far an cluinnear cainnt nam beann.
 Tha Itaca, Cìprus, is Ròds
 Ionmhainn le clann nam fonn;
 Ach I Chaluim Chille, 's i gràdh gach file
 Chaidh altrum an Alba nan sonn.

Ged is bòidheach a' ghorm-Mhuir Dheas,
 Far an cleasaich 'na neart a' ghrian,
 Is ann leam gum b' fheàrr bhith coimhead an t-sàil
 A' briseadh air cladach na h-Iar.
 Beinn Shioin, an Aithne, 's an Ròimh,
 Faiceam mun téid mi fo 'n ùir,
 Ach is beag mo spéis do bhaile fo 'n ghréin,
 An coimeas ri Eilean mo rùin.

An toigh leat na beanntan mór',
 Cruachan 's na neòil gu h-àrd,
 Coireachan, frithean, dachaidh an fhìreoin,
 'S an cluinnear na h-easan ag gàir?

An toigh leat na glacagan grianach,
 Innisean sgiambhach nam bò,
 Is uamhan bheir fonn ri guth nan tonn?
 Siubhail gu Innis a' Cheò.

An Coir-Uisg chì thu 'n sud fo dhubh-ghruaim,
 Cul-uamhais measg strìth nan dùl;
 'N uair bhriseas an torunn le fuaim na doininn,
 Is mairg nach lùbadh an glùn.
 Is chì thu ard-iongnadh Chuith-Fhraing,
 Le bhaidealan aibheiseach mór,
 Is an Stòrr cho cas le bhinneanan glas',
 Eadar do shealladh 's na neòil.

Stiùir timcheall nan creagan gu h-iar,
 Is chì thu ag éirigh 's a' chuan
 Triùir Mhaighdean Mhic Leòid a' seasamh gu stòld',
 Measg ghàirich ghairbh nan stuagh:
 'S cia b' e àite an toir thu do cheum,
 Chì thu le iongnadh ùr,
 An Cuiltheann gorm a' leantainn do lorg,
 'S a' sàsachadh fradharc do shùl.

Is truagh nach robh mise 'nam thriath,
 A' riaghladh an Eilean mo Chrìdh,
 Thogainn mar b' àbhaist o bhunait Dùn Sgàthaich,
 Is gainne 'nam thalla cha bhiodh;
 An sud dhèanainn suidhe mar rìgh,
 'S cha chlaoidhinn mo shluagh gu teann,
 Cha togainn creach, 's cha spùinninn neach,
 Ach thrusainn do 'n sgoil a' chlann.

Is ann leamsa bu mhath a bhith ann,
 'S grian shamhraidh a' lasadh an driùchd,
 'Nam shineadh air feur ag coimhead nan neul,
 Ag cadal air Blàthbheinn nan stùc:
 Is chithinn an ceathach a' snàmh,
 'S a' lùbadh mu shlios nan cruach;
 'S a ghnàth 'nam aire bhiodh fonn na mara,
 'Gam thàladh gu foisneach gu suain.

'S an fheasgar 'n uair theàrnas a' ghrian
 Gu rìoghail 'san iar gu tàmh,
 Air mullach nam beann mar mhìle lann,
 Bidh boillsgeadh nan gathan àigh:
 'S gach dubhsgorr a' deàrrsadh gu cas,
 Fo lannair nan lasraichean òir,
 Gu h-àrd 'san speur eadar talamh is nèamh:
 Sealladh na maise 's na glòir'.

Is taitneach measg chomunn a' bhlàiths
 Bhith suidhe 's mo chàirdean ri m' thaobh,
 Ach nam bu leam iteag 's mi theicheadh an tiota
 Do 'n Eilean Sgitheanach chaomh.
 An t-urram aig Cathair Dhùn Eideann,
 'S mi féin a sheinneadh a cliù,
 Ach thigeadh an samhradh, 's bidh mise 'nam
 dheann-ruith
 Ag greasad gu Eilean mo rùin.

AN SIORRAM MACNEACAIL.

TIR NAN OG

Gàir nan tonn gur trom an nuallan
 Seirm am chluais ghlòir,
 Dàn nam beann, gach allt is fuaran,
 Siaradh nuas le d'cheòl;
 'S tu gach là gun tàmh mo bhuaireadh,
 T' iargain bhuan 'gam leòn,
 'S tu gach oidhche chaoidh mo bhrudair,
 O Thìr nan Og.

Bàs no bròn cha bheò 'nad loinn-thìr,
 Uir air foill 's air gò,
 Sàir sìor-òl do dheò 's do choibhneis,
 Aoibhneas snàmh 's na neòil;
 Reultan àrda là 's a dh' oidhche
 Boillsgeadh sèimh tro' cheò,
 Teudan tlàtha fàs ad choilltean,
 O Thìr nan Og.

Cùl nan tonn tha long mo bhrudair
 Fuaradh mar bu nòs,
 Rùn an Dàin a ghnàth 'ga gluasad
 Ciùin le luaths an eòin;
 Iubhraich Bhàin na fàg mi 'm thruaghan
 Taobh nan cuantan mòr',
 Doimhne cràidh is gràidh 'gam dhanadh
 Gu Tìr nan Og.

COINNEACH MACLEOID.

CUMHA MHIC CRUIMEIN

Bratach bhuadhail Mhic Leòid
 O 'n tùr mhór a' lasadh,
 Is luchd iomraidh nan ràmh
Greasadh bhàrc thar a' ghlascuain;
 Bogha, sgiath, is claidheamh mór
 'S tuagh gu leòn, airm nam fleasgach,
 Is Mac Cruimein cluich cuairt,
 "Soraidh bhuan do Dhùn Bheagain."

Slàn leis gach creig àird
 Ris bheil gàirich àrd-thonnan,
 Slàn leis gach gleann fàs
 'San dèan cràcdhaimh an langan;
 Eilein Sgitheanaich àigh,
 Slàn le d' bheanntaibh 's guirm' firich:
 Tillidh, dh'fhaoidte, Mac Leòid,
 Ach cha bheò do Mhac Cruimein.

Soraidh bhuan do'n gheal-cheò
 A tha còmhdachadh Chuilthinn;
 Slàn leis gach blàth-shùil
 Th'air an Dùn 's iad a' tuireadh;
 Soraidh bhuan do'n luchd-ciùil,
 'S tric chuir sunnd orm is tioma:
 Sheòl Mac Cruimein thar sàl,
 Is gu bràth cha till tuilleadh.

Nuallan allt' na pìob-móir'
 Ag cluich marbhrann an fhilidh,
 Agus dearbhhrat a' bhàis
 Mar fhalluing aige uime;
 Ach cha mheataich mo chridh,
 Is cha ragaich mo chuislean,
 Ged dh'fhalbhainn le m' dheòin
 'S fhios nach till mi chaoidh tuilleadh.

Is tric a chluinnear fuaim binn
 Caoidh thiom-chridh' Mhic Cruimein,
 'N uair bhios Gàidheil a' falbh
 Thar na fairge 'gan iomain
 O chaomh-thìr ar gràidh,
 Bho do thràigh is rag ar n-imeachd:
 Och cha till, cha till,
 Cha till sinn tuilleadh.

AN SAMHRADH

Moch 's mi 'g éirigh, madainn chéitein,
 'S driùchd air feur nan lóintean,
 Bu shunndach, éibhinn, càil gach creutair,
 Tighinn le gleus a 'm frògan;
 Gu blàths na gréine b'aghmhor éirigh
 Suas air sgéith nam mórbheann,
 'S i teachd o'n chuan gu dreachmhor buadhach,
 Rìoghail uasal òrbhuidh'.

Bu chùirteil, prìseil, foirm gach eòin—
 An cuantal òrdail greannmhor—
 Cur sìos an sgeòil as blasda glòir,
 Air bhàrr nan òg-mheur samhraidh,
 Le 'n ribheid chiùil gu fonnmhor dlùth,
 Na puirt bu shiùbhlach ranntachd;
 'S Mac Talla a' freagairt fuaim am feadain
 Suas 's na creagan gleanntach.

B'e m'èibhneas riamh 'n uair dh'éireadh grian,
 Le ceudghath tiorail blàth oirnn,
 Bhith ceumadh sìos gu beul nam minshruth
 'S réidhghorm li mar sgàthan;

A' snàmh air falbh gu sàmhach balbh,
 Gu cuantan gailbhinn sàil-ghlais,
 Troimh lùban cam le sraithean ghleann,
 Tha tilgeadh greann a' Mhàirt dhiubh.

Bidh sóbhrach luaineach ghealbhuidd' chluasach
 Ann am bruach nan alltan,
 'S a' bhiolair uaine taobh nam fuaran,
 Gibeach cluaineach cam-mheur;
 Thig ròs nam bad as bòidhche dreach
 Na neoil na maidne samhraidh,
 Gu ruiteach deargheal ceirsleach dealbhach,
 Air rinn mheanbh nam fann-shlat.

Bidh còisridh mhùirneach nan gob lùthmhor,
 Anns gach ùrdhos uaigneach,
 Air geugan dlùth' an duillich ùrghuirm,
 Chuireadh sunnd fo'n duanaig.
 Thig smeòrach chùirteil, druid is brùdhearg,
 Uiseag chiùin is cuachag,
 Le h-òran cianail, fannbhog, tiamhaidh,
 An glacaig dhiomhair uaine.

Nan innsinn sìos gach nì bu mhiann leam,
 Ann am briathran seòlta,
 Cha chuirinn crìoch le dealbh am bliadhn'
 Air ceathramh trian de'm b'eòl domh,
 Mu ghlòir nan speur 's an t-saoghail gu léir,
 A lion le éibhneas mór mi,
 'N uair rinn mi éirigh madainn chéitein,
 Is dealt air feur nan lóintean.

EUGHAN MACLACHLAINN.

“IS TOGARRACH A DH'FHALBHAINN”

An uair bhios mi sgìth is an cadal dol cli
 Le aimhreit is strìth nan sràidean
 'S tric m' inntinn toirt cuairt air sgiathan mo smuain
 Do 'n ghleann anns an d'fhuair mi m'arach.
 Tha aoibhneas is tlachd 's gach smuain agus beachd
 Tha fuaighte ri cleachdainnean m' òige;
 Ach thairis air càch tha aighear is àgh
 Dlùth-cheangailt' ri blàr is mòinteach.

Tha àilleachd gun phris, tha sàmhchair gun chis,
 Tha beannachd na sith' 's a' ghleann so;
 Tha ùrachd is slàint' an anail nam blàr
 Nach fhaighear gu bràth air cabhsair.
 Is caomh leam na h-uillt ri borbhan 's a' bheinn,
 'S a' lionadh a' ghlinn le an crònain;
 Is caomh leam na h-eòin a tha fialaidh le 'n ceòl,
 'S nach cùlaich le deòin a chòsan.

'S an fhoghar dhonn chiar mun éireadh a' ghrian,
 Bu shubhach mi fiaradh aonaich,
 'S an uiseag gu h-àrd air a' mhadainn cur fàilt
 'S gach alltan ri dàn do 'n t-saoghal.
 Bhiodh coileach an fhraoich le a chéile r' a thaobh,
 is e 'g innse dhi a ghaol gu sòrdail;
 Is ealtainn an t-sléibh' ri ealaidh dhaibh féin,
 Is am monadh gu léir air dùsgadh.

Bu shundach mo cheum is mi leantainn an fhéidh
 Le m' ghunna caol gleust' air mo ghualainn,
 Is an oiteag tighinn fann o bhroilleach nam beann,
 A' toirt tograidh gu danns' do'n luachair.

Bhiodh dàimh anns gach lus is fàilt anns gach guth,
 A dh'éireadh o shruthan is gharbhallt.
 Bhiodh deagh-ghean is tlus air achadh is uchd
 'S iad uile toirt cuiridh do'n t-sealgair.

'N uair laighinn 's an fhraoch le m' ghunna ri m'
 thaobh,
 'S fo m' chomhair air aodann tolmach,
 Damh allail nan cròic, geur-aireachail seòlt'
 A' sgrùdadh 's a' sròin'chadh na garbhlaich;
 Ged gheibhinn dhomh fhìn uil' ionmhas an rìgh,
 Cha reicinn air brìgh mo shòlais;
 B'e mo roghainn is m'anns' bhith an comunn nam
 bean,
 Is còisir nan glean ri ceòl dhomh.

DOMHNALL MACLEOD.

CEAD DEIREANNACH NAM BEANN

Bha mi'n dé 'm Beinn-dòbhrain,
 'Sna còir cha robh mi aineolach,
 Chunna mi na gleanntan
 'Sna beanntaichean a b'aithne dhomh:
 B' e sin an sealladh éibhinn
 Bhith 'g imeachd air na sléibhtean,
 'Nuair bhiodh a' ghrian ag éirigh,
 'S a bhiodh no féidh a' langanaich.

'S aobhach a' ghreigh uallach,
 'Nuair ghluaiseadh iad gu farumach;
 'S na h-éildean air an fhuaran,
 Bu chuannar na laoigh bhallach ann,
 Na maoslichean 's na ruadh-bhuic,
 Na coilich-dhubh' is ruadha,
 'S e 'n ceòl bu bhinne chualas,
 'Nuair chluinnt' am fuaim 'sa' chamhanaich.

'S togarrach a dh' fhalbhainn
 Gu sealgaireachd nam bealaichean,
 Dol moch a dhìreadh garbhlaich,
 'S gum b' anmoch tighinn gu baile mi:
 An t-uisge glan 's an t-àile
 Th'air mullach nam beann àrda,
 Chuidich e gu fàs mi
 'S e rinn domh slàint' is fallaineachd.

Fhuair mi greis am àrach
 Air àirighean a b' aithne dhomh,
 Ri cluiche, 's mire, 's mànràn,
 'S bhith 'n coibhneas blàth nan calleagan;
 Bu chùis an aghaidh nàduir,
 Gum maireadh sin an dràs' ann,
 'S e b' éiginn bhith 'gam fàgail
 'Nuair thàinig tràth dhuinn dealachadh.

Nis o'n bhuail an aois mi,
 Fhuair mi gaoid a mhaireas domh,
 Rinn milleadh air mo dheudach,
 'S mo léirsinn air a dalladh orm:
 Chan urrainn mi bhith treubhach,
 Ged a chuirinn feum air,
 'S ged bhiodh an ruaig am dhéidh-sa,
 Cha dèan mi ceum ro-chabhadhach.

Ged tha mo cheann air liathadh,
 'S mo chiabhagan air tanachadh,
 'S tric a leig mi mial-chù
 Ri fear fiadhaich, ceannardach;
 Ged bu toigh leam riamh iad
 'S ged fhaicinn air an t-sliabh iad,
 Cha téid mi nis g' an iarraidh
 O'n chaill mi trian na h-analach.

Ri am dol anns a' bhùireadh,
 Bu dùrachdach a leanainn iad:
 'S bhiodh uair aig sluagh na dùthcha
 Toirt òrain ùra 's rannachd dhaibh:
 Greis eile mar ri càirdean
 'N uair bha sinn anns na campan,
 Bu chridheil anns an am sinn
 'S cha bhiodh an dram oirnn annasach.

'Nuair bha mi 'n toiseach m' òige,
 'S i ghòraich a chum falamh mi;
 'S e fortan tha cur oirne
 Gach aon ni còir a ghealladh dhuinn:
 Ged tha mi gann a stòras
 Tha m' inntinn làn de shòlas,
 O'n tha mi ann an dòchas
 Gun d' rinn nighean Deòrs' an t-aran domh.

Bha mi 'n dé 'san aonach
 'S bha smaointean mòr' air m' aire-sa,
 Nach robh 'n luchd-gaoil a b' àbhaist
 Bhith siubhal fhàsach mar rium ann:

'S a' bheinn—is beag a shaoil mi
 Gun deanadh ise caochladh;
 O'n tha i nis fo chaoraich
 'S ann thug an saoghal car asam.

'Nuair sheall mi air gach taobh dhìom
 Chan fhaodainn gun bhith smalanach,
 O'n theirig coill is fraoch ann,
 'S na daoine bh' ann, cha mhaireann iad:
 Chan 'eil fiadh r'a shealg ann,
 Chan 'eil eun no earb ann,
 Am beagan nach 'eil marbh dhiubh,
 'S ann rinn iad falbh gu baileach as.

Mo shoraidh leis na frithean,
 O's mìorbhailteach na beannan iad,
 Le biolair uaine 's fìor-uisg,
 Deoch uasal, rìomhach, cheanalta:
 Na blàran a tha prìseil,
 'Sna fàsaichean tha lionmhor,
 O 's àit a leig mi dhìom iad
 Gu bràth mo mhìle beannachd leo!

DONNCHADH BAN MAC AN T-SAOIR.

MOLADH CHABAR-FEIDH

Deoch-slàinte chabar-féidh so,
 Gur h-éibhinn 's gur h-aighearach;
 Ge fada bho thìr féin e,
 Mhic Dhé greas g'a fhearann e;
 Mo chrochadh is mo cheusadh,
 Is m'éideadh nar mhealadh mi,
 Mur ait leam thu bhith 'g éirigh
 Le treun-neart gach caraide!
 Gur mise chunna sibh gu gunnach,
 Ealamh ullamh acfhuinneach;
 Ruith nan Rothach 's math ur gnothach
 Thug sibh sothadh maidne dhaibh;
 Cha deach Cataich air an tapadh,
 Dh'fhàg an neart le eagal iad,
 Ri faicinn ceann an fhéidh ort
 'N uair dh'éirich do chabar ort.

B'e 'n t-amadan fear Fóghlais
 'N uair thòisich e cogadh riut;
 Rothaich agus Ròsaich—
 Bu ghòrach na bodaich iad:
 Frisealaich is Granndaich,
 An campa cha stadadh iad:
 'S thug Foirbeisich 'nan deannruith
 Gu seann tigh Chùil-Lodair orr'.
 Theich iad uile is cha d'fhuirich
 An treas duine bh'aca-san;
 An t-Iarla Catach ruith e dhachaidh,
 Cha do las a dhagachan;
 Mac Aoidh nan creach gun thàr e as,
 'S ann dh'éigh e 'n t-each a b'aigeannaich,
 Ri gabhail an ratreuta
 'N uair dh'éirich do chabar ort.

Is ann an sin bha 'm fuathas
 'Gan ruagadh thar bhealaichean,
 A deas dhuinn is a tuath dhuinn
 Gu luath ruith roimh d' cheannéideadh;
 Mar sgaoth de eòin nam fuarbheann,
 Is gruaim air a h-uile fear,
 A' teàrnadh o na sléibhtean
 Gu réidhlean 's gu cladaichean.
 Dh'éigh iad port 's gun d'fhuair iad coit,
 'S bu bheag an toirt mar thachair dhaibh:
 Ciod e 'n droch-rud rinn am brosnach',
 Le 'n cuid mosg nach freagradh srad,
 'S a liuthad toirtear dhe na Rothaich
 Dol air flod thar chlaigeannan?
 'S ann ghabh iad an ratreuta
 'N uair dh'éirich do chabar ort.

Gum faigh mi-féin mo dhùrachd—
 'S a dhùisg as mo chadal mi,
 An Tì d'an géill na dùilean,
 'S d'an ùmhlaich na h-uile nì.
 Gun greas e thu gu d' dhùthaich
 Gu h-ùiseil 's gu h-urramach:
 Gur tu nach leigheadh cùis
 Leis na Dùbhghaill nach buineadh dhaibh.
 'S tu bheireadh clòthadh do luchd-gnothaich,
 Gun fhios có a throdadh riut;
 Am fine Rothach chuir thu fothad
 Ge mór leo an ladarnas;
 'Gan cur romhad le ruith choimhich,
 'S am Baile Nodha 'na shradagan,
 'S na lasair anns na speuran,
 'N uair dh'éirich do chabar ort.

Chunnaic mi mu thuath thu,
 'S gum b'uachdaran allail thu;
 Bha Cataich fo do chùram,
 Is dh'ùmhlaich na Gallaich dhuit:
 'S gach tì bha riut an diùmba,
 'S nach dùraigeadh sealladh ort,
 A' faicinn bhith 'gan sgiùrsadh
 Gu dùthaich nach buineadh dhaibh,
 Le gasraidh fhinealt' dhe do chinneadh
 Nach gabh giorag eagalach;
 Luchd chlogad 's bhiodag 's chorcan biorach,
 Cha philleadh luchd-bagairt iad;
 Thig feachd Mhic Shimidh gu do mhilleadh,
 Is ruithidh iad gu saidealta;
 'S gun teich iad o chlàr t'aodainn
 'N uair dh'éireas do chabar ort.
 Tha 'm brochan a' toirt sàr dhuibh,
 'S tha 'n càl a' toirt at oirbh;
 Ach 's beag as misde 'n t-àrmunn
 Ur sàth thoirt a nasgaidh dhuibh:
 Ge mór a thug sibh chàise
 Thar àirighean Asainne,
 Chan fhacas cuirm am Fòghlais,
 Ge mór bha de chearcann ann.
 Caisteal biorach, nead na h-iolair',
 Coin is gilleann gortach ann;
 Chan fhaicear bioran ann ri teine,
 Mur bi dileag bhrochain ann:
 Chan fhaicear martfheoil ann am poit ann
 Mur bi cearc 'ga plotagaidh:
 'S 'gan tional air an déirce
 'N uair thréigeas gach cosdas iad.

Chan 'eil eun 's na speuran
 As bréine na 'n iolaire;
 Chan ionann idir beus dhi
 'S do dh'fhéidh anns na firichean:
 Bidh iadsan moch ag éirigh
 A' feuchainn na biolaire,
 'S bidh is' air seann each caoile,
 Ri slaodadh a' mhionaich as.
 Chuir i spuir a stigh 'na churach,
 Is thug i fhuil 'na spadal as;
 An t-eun gun sonas 'g iarraidh donais,
 Bidh na coin a' sabaid ris;
 'S breun an t-isean e air iteig,
 Gun fhios càit an stadadh e;
 Mas olc a lean a àbhaist,
 Cha b'fheàrr far na chaidil e.
 Chan 'eil eun 'san t-saoghal
 R'a fhaotainn tha coltach riut,
 Chan ithear do chuid sìthne,
 Rinn firinn a mollachadh:
 Ged tha ort ite dhireach,
 Mar fhior-shaighead corranach,
 'S ged thuirt iad riut am fireun,
 Tha iomhaigh an donais ort.
 Is iomadh buachaille th'air fuarchnoc,
 Agus cuaille bat' aige,
 Nì guidhe bhuan do bhuntainn bhuath',
 'S a bhuaileas o do thapadh thu;
 'N uair bheir thu ruaig air feadh nan uan,
 'S a bhios buaireas acrais ort.
 'N uair thachras Cabar-Féidh ort,
 Gum feum thu bhith snasadh dha.

Tha cabar-feàrna Dhomhnaill
 Mar spòrs anns an talamh ac':
 Nach inniseadh sibh dhòmhs' e,
 'S gum b'èòl domh a charachadh;
 Is chuirinn fios gu h-eòlach,
 Gu Seòras an carraideach,
 Gur h-e fear Dhùin Domhnaill
 Le lòn chum an t-anam ris.
 A bhiasd gun mheas gun mhiadh gun ghliocas,
 Riamh bu tric 'san talamh s' thu:
 Dh'òl is dh'ith thu trian de d' phiseach,
 Is tu an t-isean amaideach;
 Chuir na Rothaich thu air ghnòthach,
 'S tu an t-amhasg aineolach,
 'S ged thug Clann Choinnich miadh ort,
 Cha b'fhiach thu 'n treas earrann deth.

Fire! Faire! shaoghail,
 Gur caochlaideach carach thu!
 Chunnaic mise Siphort
 Nam pioban cruaidh sgalanta,
 Nach robh an Alb' a dh' aonluagh
 Ged shineadh Mac Caillein ris,
 Na chumadh riut-s' an aodann,
 'N uair dh'éireadh do chabar ort.
 Dh'éireadh leat an còir 's an ceart,
 Le trian do neart gu bagarrach;
 Na bh' eadar Asainn is fa dheas,
 Gu ruig Sgalpa chraganach;
 Gach fear a' glacadh gunna snaip,
 Claidheamh glas no dagachan;
 Bu leat Sir Domhnall Shléite,
 'N uair dh'éireadh do chabar ort.

Dh'éireadh leat fir Mhùideart,
 'N uair rùisgte do bhrataichean,
 Le 'n lannan daite dùbhghorm,
 Gun ciùrrta na marcaich leo:
 Mac Alasdair 's Mac Fhionghuin,
 Le 'n cuilbhearan acfhuinneach,
 'N uair rachadh iad 'san iorghaill,
 Gum b'iongnadh mur trodadh iad.
 Bidh tu fhathast gabhail aighir
 Ann am Brathainn bhaidealach;
 Bidh cinneadh t'athar ort a' feitheamh—
 Cò bhrathadh bagradh ort?
 Bidh fion 'ga chaitheamh feadh do thighe,
 Is uisge-beatha feadanach;
 'S gur lìonmhor piob 'ga gleusadh,
 'N uair dh'éireas do chabar ort.

TORMOD MACLEOD.



